


Geàrr-chunntas air measadh buaidhe: atharrachadh seirbheis a thaobh Curraicealam UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall ann am Bliadhna 1 (Bliadhna Acadaimigeach 23/24)

Tionndadh 1.1, Dihaoine 22 An t-Samhain 2024

Co-aonadh Cholaistean

Air 1 Lùnastal 2023 cho-aonaich trì colaistean ann an com-pàirteachas Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI) – UHI Gàidhealtachd a Tuath (GT), UHI Innse Gall (IG) agus UHI Gàidhealtachd an Iar (GI) gus aon cholaiste a chruthachadh: UHI a Tuath, an Iar & Innse Gall (UHITIIG). Chaidh bùird-stiùiridh nan 3 colaistean an sàs sa cho-aonadh oir, a dh’aindeoin nan soirbheachaidhean a bh’ aca le chèile, bha an seasmhachd san àm ri teachd ann an cunnart le dùbhlain mhòra a thaobh ionmhais is deamografachd. Bhòt na bùird gu h-aon-ghuthach airson co-aonadh san t-Samhain 2022, agus chaidh am Moladh agus a’ Chùis Gnothachais airson a’ cho-aonaidh a dhaingneachadh tro Phàrlamaid na h-Alba san Ògmhios 2023, rud a chomasaich cur-an-inbhe laghail na Colaiste ùire.



Mapa de dh’àrainnean UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall

Stornoway – Steòrnabhagh
Ullapool – Ulapul
Gairloch – Geàrrloch
North Uist – Uibhist a Tuath
Benbecula – Beinn na Faoghla
Cnoc Soilleir – Cnoc Soilleir
Barra – Barraigh
Kilchoan – Cille Chòmhain
Strontian – Sròn an t-Sithein

Thurso – Inbhir Theòrsa
Halkirk – Hàcraig
Dornoch – Dòrnach
Alness – Alanais
Portree – Port Rìgh
Auchtertyre – Uachdar Thìre
Broadford – An t-Àth Leathann
Mallaig – Malaig
Fort William – An Gearastan
Kinlochleven – Ceann Loch Liobhann



Àrd-amasan na Colaiste Co-aonaichte a thaobh Curraicealaim

Tha amasan ro-innleachdach na Colaiste ùire a thaobh curraicealaim agus oileanaich a' gabhail a-steach planaichean a dhèanamh mar a leanas: meudachadh a thoirt air an tairgse ionnsachaidh, cothrom a leudachadh tro mhodailean liubhairt ioma-mhodhach, curraicealam nua-aimsireil agus bointeachalach a sholar do choimhearsnachdan, agus prògraman a dhèanamh nas so-mhaireannaiche. Is e rùn na modha-obrachaidh ghinearalta seo a bhith a' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine a bhith ag ionnsachadh le UHITIIG le bhith a' solar roghainnean do dhaoine a bhith ag ionnsachadh on taigh, no on obair, sna coimhearsnachdan dùthchail is eileanach aige; agus/no a bhith a' frithealadh air an àrainn; no a bhith ag ionnsachadh o àite sam bith san t-saoghal.

Dìreach às dèidh a' cho-aonaidh rinn a' Cholaiste Ath-sgrùdadh Curraicealaim gus raon agus libhrigeadh a' churraicealaim a fhuaras bho na 3 colaistean dileabach ath-eagrachadh airson bliadhna acadaimigeach 23/24. Tha an t-atharrachadh seirbheis seo a' toirt buaidh air luchd-obrach, oileanaich agus coimhearsnachdan co-cheangailte ris na 19 làraichean air fad aig UHITIIG, a chithear gu h-àrd. Tha seo a' gabhail a-steach àireamh de choimhearsnachdan eileanach: Eilean Bharraigh, Eilean Bheinn na Faoghla, Uibhist a Deas, Uibhist a Tuath, Eilean Leòdhais agus an t-Eilean Sgitheanach.

Rinndean a' mheasaidh buaidhe

Le sùil air dleastanasan UHI mar 'Ùghdarras Bointeachalach' fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean air measadh buaidhe a chur ri chèile a nì measadh air buaidh an atharrachaidh seirbheis a tha ann mar thoradh air Curraicealam ùraichte UHITIIG airson bliadhna acadaimigeach 23/24 – Bliadhna 1 den Cholaiste ùr-aonaichte - tarsainn sgìrean na Colaiste. Bho shealladh nan eilean tha am measadh a' leantainn nan ceumannan a tha air am mìneachadh sa phròiseas airson Measadh Buaidhe air Coimhearsnachdan Eileanach feuch a bheil feum air measadh iomlan. Is iad na ceumannan seo:

1. Na h-amasan a mhìneachadh gu soilleir
2. Dàta a chruinneachadh agus luchd-ùidhe a chomharrachadh
3. Co-chomhairlean a dhèanamh
4. Measadh a dhèanamh feuch a bheil feum air MBCE
5. An MBCE ullachadh, ma tha feum air, no leantainn air adhart gu ceum 6
6. Atharrachaidhean riatanach a dhèanamh air an ro-innleachd
7. An MBCE fhoillseachadh.


Tha am measadh buaidhe seo a' cuimseachadh gu sònraichte air Curraicealam ùraichte UHITIIG airson Bliadhna 1 de ghnìomhachd na Colaiste cho-aonaichte

(bliadhna acadaimigeach 23/24). Chaidh dèiligeadh ri ro-innleachd Dealbhadh Buidhne na Colaiste ann am measadh buaidhe fa leth.

Thèid an geàrr-chunntas gnìomha seo den mheasadh buile fhoillseachadh air an taobh a-muigh ann am Beurla agus Gàidhlig, air làraichean-lìn UHI agus UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall. Thèid an làn aithisg den mheasadh buile fhoillseachadh air an taobh a-staigh, agus ma tha thu airson an sgrìobhainn slàn a leughadh, [cuir fios chun an Oilthighe an seo.](#)

Toraidhean a' Mheasaidh

Anns a' phròiseas Ath-sgrùdadh Curraicealaim a chaidh a chur an gnìomh leis a' Cholaiste cho-aonaichte bha co-chomhairleachadh ri luchd-ùidhe agus an uairsin measadh air a h-uile cùrsa a rèir shlatan-tomhais a bha a' dèanamh breithneachadh air iarrtas, modail libhrigidh, so-mhaireannachd, coileanadh agus feum (is e sin iarrtas margaidh). Chaidh an gnàth-mhodh-obrach seo a chur an sàs a thaobh a h-uile cùrsa aig a h-uile àite libhrigidh. Tha doigh-obrach UHITIIG airson an Ath-sgrùdadh air a' Churraicealam ri a faicinn air an ath thaobh-dhuilleig.



Phases of the Curriculum Review process at UHI North, West & Hebrides


Tha am measadh buaidhe air breithneachadh a dhèanamh air na gnìomhachdan Ath-sgrùdadh Curraicealaim a bha mar bhunait do libhrigeadh a' churraicealaim ann am Bliadhna 1, a' gabhail a-steach an atharrachaidh seirbheis mar thoradh air an



tairgse curraicealaim ath-chòirichte a chaidh a lìbhrigeadh sa bhliadhna sin. Tha am measadh a' sealltainn nach eil buaidh fìor eadar-dhealaichte air gin de làraichean na Colaiste, a' gabhail a-steach làraichean eileanach, air sgàth na leanas:

- 'S e pròiseas leantainneach a th' ann an ath-sgrùdadh curraicealaim a bhios colaistean a' gabhail os làimh air feadh nan suidheachaidhean air fad feuch dè na cùrsaichean a stadas iad, a thòisicheas iad, a dh'atharraicheas iad agus/no a chumas iad a' dol.
- Ann a bhith a' dealbhadh a thairgse curraicealaim airson Bliadhna 1, chuir UHITIIG gnàth-mhodh-obrach ath-sgrùdaidh an sàs tarsainn nan cùrsaichean air fad aig a h-uile ionad lìbhrigidh.
- Chaidh co-chomhairle a chumail ri luchd-ùidhe (gu sònraichte luchd-obrach, oileanaich, sgoiltean agus buill a' Bhùird) a thaobh tairgse curraicealaim BA23/24 sa bhliadhna ron aonadh leis na colaistean dìleabach tarsainn nan sgìrean aca fhèin.
- Chaidh am modail lìbhrigidh airson àireamh bheag de chùrsaichean atharrachadh bho lìbhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh gu lìbhrigeadh air-loidhne, rud a thug buaidh air cùrsaichean a bha gan lìbhrigeadh roimhe seo aghaidh-ri-aghaidh ann an Steòrnabhagh (Eilean Leòdhais), Inbhir Theòrsa (Gallaibh) agus Alanais (Ros an Ear).
- Le bhith ag atharrachadh chùrsaichean sònraichte gu lìbhrigeadh air-loidhne, chaidh an dèanamh nas ruigsinniche do dh'fharsaingeachd fada nas motha de dh'oileanaich a tha a' fuireach ann an àiteachan dùthchail agus eileanach.
- Bha cothrom aig na h-oileanaich air fad fhathast air làraichean UHITIIG air fad gus na goireasan acadaimigeach agus taice aca a chleachdadh.
- Far an robh stad air a chur air cùrsaichean, chaidh roghainnean eile a bha creideasach agus iomchaidh a thabhann anns a h-uile cùis.
- Chaidh aon chùrsa a bha air a chur an dàil gus an dèante ath-sgrùdadh air a sho-mhaireannachd a chumail a' dol an dèidh co-chomhairle ris a' choimhearsnachd ionadail. Chaidh roghainn leasaichte a chur na àite airson BA24/25.

Mar cho-dhùnadh, tha an t-Oilthigh den bheachd nach toir na h-atharrachaidhean a thig à curraicealam ath-leasaichte UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall airson bliadhna acadaimigeach 23/24 buaidh fìor eadar-dhealaichte air coimhearsnachd eileanach sam bith an taca ris na buaidhean air coimhearsnachdan eile (a' gabhail a-



steach coimhearsnachdan eileanach eile) agus air a' bhunait seo chan eil feum air Measadh nas iomlaine agus nas mionaidiche air a' Bhuidh air Coimhearsnachdan Eileanach.

Atharrachaidhean

Am measg na h-obrach a tha a' Cholaiste fhathast a' dèanamh no am beachd dèanamh tha a bhith a' cumail a' dol leis a' phròiseas Ath-sgrùdadh Curraicealaim airson bliadhna acadaimigeach 25/26 agus an dèidh sin, a bhith a' tarraing tuillidh aire air na tha ri fhaotainn de ghoireasan agus taic do dh'oileanaich a bhith gan uisneachadh aig a h-uile làrach, agus a bhith a' sgrùdadh chlaonaidhean aig suidheachaidhean dachaigh nan oileanach tarsainn nan cùrsaichean.